



Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig 2017-2022

Co-chomhairleachadh Poblach:
17 Gearran 2017 gu 17 Cèitean 2017



GEÀRR-IOMRADH AIR A' CHO-CHOMHAIRLEACHADH

Chaidh an dreachd seo dhen treas Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig a chur ri chèile le Bòrd na Gàidhlig mar uallach fo earrainn 2 de dh'Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, agus tha e air fhoillseachadh airson co-chomhairleachadh poblach fo earrainn 2(3) dhen Achd.

Bho 17 Gearran 2017, tha an dreachd de Phlana Cànan Nàiseanta Gàidhlig 2017-22 air a bhith ri fhaotainn airson co-chomhairleachadh poblach mar leabhran agus air làrach-lìn Bhòrd na Gàidhlig air **www.gaidhlig.scot**.

Faodaidh daoine no buidhnean, no measgachadh de na dhà, am beachdan a chur thugainn air an làraich-lìn, tro phost-dealain no tro litir. Dùnaidh a' ghreis cho-chomhairleachaidh aig 5f air 17 Cèitean 2017.

Nach cuir sibh ur beachdan gu **plana@gaidhlig.scot**

no

Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig 2017-22

Bòrd na Gàidhlig

Taigh a' Ghlinne Mhòir

Rathad na Leacainn

Inbhir Nis

IV3 8NW

Bheir Bòrd na Gàidhlig sùil as ùr air a' Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig an dèidh dhaibh beachdan a' phobaill fhaighinn tron cho-chomhairleachadh. Bidh am Bòrd an uair sin a' cur dreachd atharraichte gu Ministearan na h-Alba airson an cead.

'S ann le Alba gu lèir a tha a' Ghàidhlig.

Tha gnothach aige seo ris an latha an-diugh, an latha a dh'fhalbh agus an latha ri teachd. Tha a' Ghàidhlig mar phàirt de ar n-eachdraidh 's ar dualchas. Tha i cudromach do ar beatha ann an Alba an-diugh, agus daingnichidh am Plana seo a h-àite san àm ri teachd.



Tha amas soilleir againn airson na Gàidhlig.

'S e ar n-amas meudachadh a chur an sàs anns na th' ann de dhaoine a tha a' labhairt, ag ionnsachadh agus a' cleachdadh na Gàidhlig ann an Alba, agus leudachadh a thoirt air na suidheachaidhean anns a bheil i air a cleachdadh.

Buinidh an t-amas seo do chaochladh bhuidhnean is daoine.

Chan ann le aon bhuidheann no coimhearsnachd a tha an t-amas seo. Tha e an urra ri iomadach duine is buidheann a thoirt gu buil.

Tha gnothaichean eile a' toirt buaidh air an amas seo.

Tha caochladh gnothaichean ann – eaconamach agus bun-structarail – a bheir buaidh air adhartas, agus nì sinn cinnteach gun toirear sùil air a' Ghàidhlig an cois nan gnothaichean seo.

Dè dh'fheumas sinn a dhèanamh?

Tha am Plana seo a' soilleireachadh nam prìomhachasan agus nan ceumannan a tha riatanach airson an t-amas seo a choileanadh, agus far a bheil sinn feumach air taic bhuaibh fhèin.



Fàs nas luaithe agus buil nas fharsainghe

Tha sinn cinnteach gu bheil prìomhachasan a' Phlana seo iomchaidh airson cur ri astar fàs na Gàidhlig ann an Alba.

Togail air adhartas

A' togail air adhartas, tha am Plana seo a' tabhann shochairan is cothroman do dhaoine, teaghlaichean, coimhearsnachdan, gnìomhachasan agus buidhnean.

Caochladh ghealltanasan ùra

Anns a' Phlana tha measgachadh dùbhlach de phrìomh raointean far am feumar leantainn leis an adhartas a chaidh a dhèanamh, agus far am feumar leudachadh air an adhartas sin, agus prìomh ghealltanasan a tha sinn a' creidsinn a nì diofar don Ghàidhlig.

Leasachaidhean riatanach ann am foghlam, sna meadhanan agus sa choimhearsnachd

Am measg na gheallas sinn, tha gun toir sinn sùil as ùr air taic a thoirt don Ghàidhlig far a bheil i air a bruidhinn le sluagh an ìre mhath mòr, gum foillsich sinn Stiùireadh airson Foghlam Gàidhlig airson a' chiad turais riamh, agus gun lean sinn oirnn le bhith a' toirt taic do MG ALBA is eile.

Luach sòisealta is eaconamach

Tha am Plana seo a' togail air an fhianais a th' ann gu bheil a' Ghàidhlig a' cur gu mòr ri Alba gu sòisealta is gu h-èaconamach.

Com-pàirteachas agus buaidh fharsaing

Tha cothroman matha ann airson adhartas a dhèanamh an cois nan gealltanasan aig ùghdarrasan is buidhnean poblach, agus airson a bhith a' tomhas mar a bheir a' Ghàidhlig buaidh air leasachaidhean eile.

Adhartas bliadhna air bhliadhna ro 2022

Tha sinn misneachail gun tig fàs nas luaithe air a' Ghàidhlig ro 2022 air sàillibh nam prìomhachasan 's nan gealltanasan anns a' Phlana seo.

CLÀR-INNSE

- 1** Facal-toisich
- 2** Ro-ràdh
- 3** Am Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig – Thar-shealladh
- 4** Prìomhachasan Nàiseanta
- 5** A' Ghàidhlig ann an Alba
- 6** A' Cur na Gàidhlig air Adhart
- 7** Ionnsachadh na Gàidhlig
- 8** Cleachdadh na Gàidhlig
- 9** Facal-crìochnachaidh

Eàrr-ràdh I Ceistean Co-chomhairleachaidh

Eàrr-ràdh II Planaichean Cànain Gàidhlig

1. FACAL-TOISICH

Am Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig – Dreachd Cho-chomhairleachaidh

Tha am Plana seo ag amas air adhartas, fàs a bharrachd agus buil nas fharsainghe. Anns an dreachd seo, a thèid gu co-chomhairleachadh poblach, tha sinn a' taisbeanadh ar n-amais, prìomhachasan agus prìomh ghealltanasan. Tha sinn misneachail gun toir na h-àrd-amasan a tha sinn a' comharrachadh anns na duilleagan a leanas piseach air a' Ghàidhlig.

Tha na prìomhachasan agus gealltanasan anns a' Phlana seo air èirigh bho obair a rinneadh le mòran daoine agus bhuidhnean aig caochladh ìrean. Chaidh am Plana a dhealbhadh le bhith ag obair ann an co-bhuinn ri feadhainn eile, agus bu mhath leinn leantainn oirnn anns an aon dòigh.

Tha am Plana a-nise a' dol a-mach gu co-chomhairleachadh, agus thèid iarraidh oirbh ur beachdan a chur thugainn airson am Plana atharrachadh mus tèid crìoch a chur air. An uair sin, an dèidh cead fhaighinn bho Mhinistearan na h-Alba, thèid na prìomhachasan agus gealltanasan a chur an gnìomh a rèir a' Phlana.

A-rithist, bidh sinn a' sireadh ur taice airson am Plana a chur an gnìomh. Air ar son fhèin, tha sinn a' coimhead air adhart ri bhith ag obair ann an co-bhuinn ri luchd-compàirt eile thairis air na còig bliadhna a tha romhainn airson suidheachadh na Gàidhlig a neartachadh.

Ge-tà, feumaidh sinn a bhith cinnteach gu bheil na tha nar sealladh airson na Gàidhlig anns na bliadhnaichean a tha romhainn ceart agus iomchaidh. Mar sin, cuirear fàilte mhòr chridheil air ur beachdan air an dreachd dhen Phlana.

Ailean Dòmhnallach

Cathraiche, Bòrd na Gàidhlig

2. RO-RÀDH

Am Plana seo

'S e seo an treas Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig. Bidh e a' buntainn ris na bliadhnaichean 2017-22 agus tha e na uallach reachdail a rèir Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Mar a dh'fheumar a rèir na h-Achd, chaidh am Plana seo ullachadh le Bòrd na Gàidhlig agus gheibh e cead bho Mhinistearan na h-Alba.

Minichidh am Plana mar as urrainn do Riaghaltas na h-Alba (RnA), Bòrd na Gàidhlig, ùghdarrasan, buidhnean, coimhearsnachdan, teaghlaichean is daoine fa leth air feadh Alba taic a chur ann a bhith a' dèanamh adhartas leis an amas, na prìomhachasan agus na gealltanasan a nochdas anns na duilleagan a leanas.

Cumadh a' Phlana

Bu mhath leinn cumadh a' Phlana a shoilleireachadh. Anns an ath earrainn, tha thar-shealladh a bhios a' mineachadh amas a' Phlana agus nam prìomhachasan againn.

Tha fiosrachadh a bharrachd ann an Earrainn 4. Tha e a' mineachadh mar a bhios a' Ghàidhlig a' seasamh ann an co-theacsa phrìomhachasan farsaing nàiseanta, agus mar as urrainn don chànan a bhith a' cur ri amasan nàiseanta.

A' Ghàidhlig ann an Alba

Tha an earrann seo a' toirt sùil air àite na Gàidhlig ann an Alba, an adhartas a rinneadh thar nam beagan bhliadhnaichean mu dheireadh agus far am feumar adhartas a dhèanamh fhathast. Tha i gar stiùireadh a dh'ionnsaigh phrìomhachasan a tha nar sealladh fhathast a bharrachd air gealltanasan ùra.

Prìomhachasan agus Gealltanasan

An dèidh seo, ann an Earrannan 6, 7 agus 8, tha am Plana a' tilleadh don amas agus na prìomhachasan, agus tha barrachd mion-fhiosrachaidh air a thoirt a-steach aig an ire seo. Mar a chaidh a ràdh gu h-àrd, bithear a' cuimseachadh gu sònraichte air na prìomhachasan, agus tha prìomh ghealltanasan air an toirt a-steach a tha sinn dhen bheachd a bheir neart do raointean far a bheil mòran air tachairt mu thràth. Tha seo air a leantainn le Earrann 9 a tha a' dèiligeadh ri co-obrachadh, an co-chomhairleachadh agus sgrùdadh.

Ceistean Co-chomhairleachaidh

Chì sibh gu bheil sinn air sia ceistean co-chomhairleachaidh a chur ann an àiteachan iomchaidh anns an sgrìobhainn seo. Tha na ceistean seo air an toirt còmhla cuideachd ann an Èarr-ràdh I.



3. AM PLANA CÀNAIN NÀISEANTA GÀIDHLIG – THAR-SHEALLADH

Am Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig 2017-22

Ar n-amas

'S e ar n-amas na th' ann de dhaoine a tha a' labhairt, a' cleachdadh agus ag ionnsachadh na Gàidhlig ann an Alba a mheudachadh, agus leudachadh a thoirt air na suidheachaidhean anns a bheil an cànan air a cleachdadh. Bheir sinn seo gu buil le bhith a' cuimseachadh air na trì cinn a leanas:

- A' cur ìomhaigh dheimhinneach air adhart airson na Gàidhlig
 - Ionnsachadh na Gàidhlig a mheudachadh
 - Fàs a thoirt air cleachdadh na Gàidhlig
-

Prìomh Raointean

Tha sinn a' soilleireachadh nam prìomh raointean airson leantainn le bhith dèanamh adhartas leis an amas shuas.

Gealltanasan

Tha sinn cuideachd a' dèanamh liosta de na prìomh ghealltanasan a choileanas sinn airson adhartas a dhèanamh anns na prìomh raointean.

Com-pàirtichean

Chan ann an urra ri aon bhuidheann a tha an obair seo, agus nì sinn liosta de na prìomh chom-pàirtichean a bhios an sàs innte, agus de na rudan as urrainn dhaibh a dhèanamh airson a' Ghàidhlig a neartachadh.

Ceist 1

Tha cumadh a' Phlana a' gabhail a-steach amas, cuspairean, prìomh raointean agus gealltanasan. A bheil beachd agaibh air cumadh a' Phlana agus air an àrd-amas againn?

AM PLANA CÀNAIN NÀISEANTA GÀIDHLIG – THAR-SHEALLADH

A' CUR NA GÀIDHLIG AIR ADHART

A' dèanamh cinnteach gum bi ìomhaigh dheimhinneach air a cur air adhart airson na Gàidhlig

Tha cur-air-adhart agus dìon deagh ìomhaigh airson na Gàidhlig an crochadh air grunn ghnothaichean is iomairtean. Tha a leithid a' dèanamh cinnteach gun cuirear luach air a' Ghàidhlig agus gum bithear ga h-aithneachadh mar rudeigin a chuireas gu mòr ri beatha shòisealta, chultarail agus eaconamach na dùthcha.

'S iad na prìomhachasan gu h-ìosal na raointean as cudromaiche ann a bhith a' coileanadh an amais seo. Tha iad ceangailte ri prìomhachasan eile, ach bidh an fheadhainn gu h-ìosal gu lèir a' cur ri ìomhaigh mhath airson na Gàidhlig.

Tha e fìor chudromach, airson inbhe agus tarraing na Gàidhlig ann an Alba agus thall thairis a neartachadh, gum bi deagh ìomhaigh aice. Tha seo an urra, an dà chuid, ri luchd-labhairt agus feadhainn aig nach eil an cànan.

A' CUR NA GÀIDHLIG AIR ADHART

Bithear a' cur ìomhaigh dheimhinneach don Ghàidhlig air adhart tro na prìomh raointean gu h-ìosal. Thèid sin a chur an sàs tro iomairtean is prògraman aig Bòrd na Gàidhlig agus tro obair le com-pàirtichean eile.

Prìomh Raointean

- Taic airson na Gàidhlig bho Riaghaltas na h-Alba agus taic phoilitigeach san fharsaingeachd
- Planaichean cànain Gàidhlig air an cur an gnìomh le ùghdarrasan ionadail agus buidhnean poblach
- A' cur deagh ìomhaigh air adhart airson na Gàidhlig, agus a' togail aire don chànan tro:
 - na meadhanan Gàidhlig
 - foghlam Gàidhlig aig a h-uile ìre, agus
 - na h-ealain Gàidhlig
- Deagh naidheachdan air an sgaoileadh mun Ghàidhlig ann an co-cheangal ri iomadachd agus in-ghabhail

Ceist 2

Tha sinn dhen bheachd gu bheil e riatanach gum bi deagh ìomhaigh aig a' Ghàidhlig agus gum bi na raointean shuas a' cur gu mòr ri sin. A bheil beachdan agaibh fhèin air na raointean a thagh sinn no càil eile co-cheangailte ris a' chuspair seo?

AM PLANA CÀNAIN NÀISEANTA GÀIDHLIG – THAR-SHEALLADH

IONNSACHADH NA GÀIDHLIG

Fàs a thoirt air na th' ann de dhaoine a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig

Tha seo a' gabhail a-steach a' cur ionnsachadh na Gàidhlig air adhart agus taic dha is fàs a thoirt air aig a h-uile ìre agus anns a h-uile raon. Tha na buadhan co-cheangailte ri seo soilleir. Mar a thèid adhartas a dhèanamh leis an amas seo, thig àrdachadh anns an àireamh dhaoine a bhios a' labhairt, a' leughadh, a' sgrìobhadh agus a' tuigsinn na Gàidhlig, agus nan cuid comais an cànan a chleachdadh le misneachd.

'S iad na prìomh raointean gu h-ìosal an fheadhainn as cudromaiche far a bheil sinn dhen bheachd gun gabh adhartas a dhèanamh. A thuilleadh air sin, faodaidh iad cur ri raointean cudromach eile co-cheangailte ris a' Ghàidhlig.

Tha ionnsachadh na Gàidhlig air leth cudromach airson an cànan a dhaingneachadh.

IONNSACHADH NA GÀIDHLIG

Bithear a' toirt fàs air ionnsachadh na Gàidhlig ann an Alba tro na raointean gu h-ìosal. Thèid seo a thoirt gu buil tro obair chom-pàirteach le prìomh chom-pàirtichean agus solaraichean, agus tro iomairtean is prògraman aig Bòrd na Gàidhlig.

Prìomh Raointean

- Gàidhlig ann an Tràth-ionnsachadh agus Cùram-chloinne (TCC)
- Foghlam tron Ghàidhlig (FtG) ann am bun-sgoiltean is àrd-sgoiltean
- Foghlam luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig (FLI) ann am bun-sgoiltean is àrd-sgoiltean
- Foghlam Gàidhlig seach-sgoile is do dh'inbich
- A' trusadh, a' trèanadh agus a' solarachadh luchd-obrach airson Foghlam tron Gàidhlig
- Goireasan agus taic airson ionnsachadh

Ceist 3

Tha sinn dhen bheachd gu bheil foghlam agus ionnsachadh na Gàidhlig aig cridhe a' Phlana seo. Tha sinn air liosta a dhèanamh de na prìomh raointean airson leasachadh san àm ri teachd. A bheil beachdan agaibh air seo, agus air na prìomh raointean a thagh sinn airson ionnsachadh na Gàidhlig?

AM PLANA CÀNAIN NÀISEANTA GÀIDHLIG – THAR-SHEALLADH

CLEACHDADH NA GÀIDHLIG

Fàs a thoirt air an àireamh dhaoine a tha a' cleachdadh na Gàidhlig

Tha seo a' gabhail a-steach meudachadh ann an cleachdadh a' chànain le luchd-labhairt agus luchd-ionnsachaidh, agus leudachadh a thoirt air na suidheachaidhean anns am faodar Gàidhlig a chleachdadh. Bithear a' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig ann an suidheachaidhean far nach robh i air a cleachdadh roimhe, agus meudachadh ann an cleachdadh a' chànain ann am beatha phoblach na h-Alba.

Tha fàs ann an cleachdadh na Gàidhlig a' neartachadh coimhearsnachd an luchd-labhairt agus a' cur ri a fèin-earbsa. Tha seo a' leudachadh nan cothroman a bhios ann don Ghàidhlig agus do luchd-labhairt na Gàidhlig, agus a' cur ri aithne is ìomhaigh a' chànain.

Tha na prìomh raointean gu h-ìosal riatanach airson Gàidhlig a dhaingneachadh ann an Alba.

CLEACHDADH NA GÀIDHLIG

Bithear a' toirt fàs air cleachdadh na Gàidhlig tro na raointean gu h-ìosal. Thèid seo a thoirt gu buil tro iomairtean is prògraman, agus mar obair chom-pàirteach eadar Bòrd na Gàidhlig agus prìomh chom-pàirtichean is solaraichean.

Prìomh Raointean

- Iomairtean a bhios a' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig ann an dachannan is coimhearsnachdan
- Iomairtean a bhios a' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig le daoine òga
- Gàidhlig anns na meadhanan traidiseanta agus nua-mheadhanan
- Gàidhlig anns na h-ealain, foillseachadh agus gnìomhachasan cruthachail
- Planaichean cànain Gàidhlig
- Gàidhlig anns an àite-obrach
- Cleachdadh na Gàidhlig ann an gnìomhachasan co-cheangailte ri dualchas, turasachd, biadh is deoch, an àrainneachd agus cur-seachadan
- Iomairtean a tha a' neartachadh beartas, buntainneas agus cunbhalachd a' chànain
- Iomairtean a bhios a' brosnachadh cheanglaichean le coimhearsnachd na Gàidhlig thall thairis agus le mion-chànanan eile

Ceist 4

Tha sinn dhen bheachd gu bheil na raointean a chaidh a thaghadh cudromach airson cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh. A bheil beachdan agaibh air mar a dh'fhaodamaid piseach a thoirt air ìre cleachdaidh na Gàidhlig?

4. PRÌOMHACHASAN NÀISEANTA

Adhbhar Riaghaltas na h-Alba agus Buadhan Eaconamach

Tha sinn dhen bheachd gu bheil a' Ghàidhlig a' cur gu mòr ri adhbhar Riaghaltas na h-Alba: dùthaich nas soirbheachaile a chruthachadh, le cothroman ann don a h-uile duine buannachdan fhaighinn à fàs seasmhach anns an eaconamaidh nàiseanta. Nì sinn cinnteach gun cumar aire air seo anns na bliadhnaichean a tha romhainn.

Rinn a' Ghàidhlig adhartas ann an Alba thar nan deicheadan a dh'fhalbh. Tha sin a' leigeil leinn buannachdan a dhearbhadh ann am foghlam, na h-ealain, craoladh, agus ann an sgilean is trèanadh. Faodar buadhan eaconamach a shealltainn cuideachd, gu h-àraidh ann an sgìrean dùthchail is eileanach. Tha seo gu sònraichte soilleir nuair a tha sinn a' beachdachadh, mar eisimpleir, air a' bhuaidh a thugadh air a' Ghàidhlig le Sabhal Mòr Ostaig, MG ALBA, Fèisean nan Gàidheal agus An Comunn Gàidhealach.

Chaidh an aithisg *Ar Stòras Gàidhlig* a choimiseanadh le Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean ann an 2014 airson an luach eaconamach is sòisealta a th' aig a' Ghàidhlig do dh'Alba a thomhas. Bha an aithisg brosnachail; dh'aithris i gun robh gnothachasan anns na gnìomhachasan cruthachail, turasachd, dualchas agus biadh & deoch gu sònraichte a' faighinn buannachd le bhith a' cleachdadh na Gàidhlig, agus gum faodadh seo luach mòr a chur ris an eaconamaidh.

Builean Nàiseanta Riaghaltas na h-Alba

Tha 15 builean nàiseanta aig Riaghaltas na h-Alba a tha a' mineachadh na tha fa-near dhaibh. Tha àite mòr is farsaing aig a' Ghàidhlig anna. Mar a

tha soilleir bhon Phlana seo, tha a' Ghàidhlig ag obair ann am mòran rointean agus aig mòran irean. Faodaidh a' Ghàidhlig, mar sin, cur ris na builean nàiseanta a tha a' cuimseachadh air an eaconamaidh, foghlam, daoine òga, dèiligeadh ri neo-ionannachd, coimhearsnachdan, fèin-aithne nàiseanta a tha cothromach is in-ghabhalach, agus air càileachd sheirbheisean poblach.

Obair ann an Com-pàirteachas

Tha obair ùghdarrasan poblach, bhuidhnean agus choimhearsnachdan riatanach airson taic a chumail ri leasachadh na Gàidhlig ann an Alba. Tha planaichean cànain Gàidhlig air taic a chumail ri seo. Nì sinn cinnteach gun lean an obair seo agus gum broснаichear agus gun gabhar grèim air cothroman ùra airson a bhith ag obair ann am com-pàirteachas.

Gealltanasan Manifesto

Tha manifesto Riaghaltas na h-Alba mar a tha e a' buntainn ris a' Ghàidhlig co-cheangailte ri foghlam, na h-ealain agus craoladh. Tha iad mar a leanas:

- *We will implement new legal duties and rights to support Gaelic medium education as part of our ongoing commitment to stabilise and increase the number of Gaelic speakers.*

PRÌOMHACHASAN NÀISEANTA

- *We support the central role of Gaelic arts in engaging people with the language, and enhancing the relevance of the language to Scottish society.*
- *We will maintain our investment in BBC ALBA as a vital part of Scottish broadcasting output, and in recognition of its contribution to the development of the Gaelic language.*

Tha cothroman ann cuideachd airson na Gàidhlig a bhith a' cur ri gealltanasan eile anns a' mhanifesto. Dh'fhaodadh buannachd mhòr a bhith ann do dh'fhoghlam tron Ghàidhlig an cois a' phlana airson an ùine de thràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne an-asgaidh cha mhòr a dhùblachadh gu 30 uairean a thide gach seachdain ro 2021 airson gach duine cloinne aig aois 3 is 4 agus gach pàiste aig aois 2 a tha feumach air dìon.

Buaidh nas Farsainghe

Tha Bile nan Eilean, a tha stèidhichte air an iomairt, Our Islands, Our Future, na ghealltanas manifesto eile, ged nach eil e ag ainmeachadh na Gàidhlig, a bheir buaidh air mòran choimhearsnachdan anns a bheil ìre mhòr de luchd-labhairt na Gàidhlig. Tha e mar sin cudromach don Phlana seo, agus do dh'adhartas na Gàidhlig ann an Alba.

Tha caochladh ghnothaichean eile – eaconamach, deamografach, bun-structarail is eile – a bheir buaidh air cleachdadh agus ìomhaigh na Gàidhlig. Feumaidh sinn a bhith a' cuimhneachadh nan gnothaichean seo, a bhith a' mineachadh mar a dh'fhaodadh iad buaidh a thoirt air a' Ghàidhlig agus a bhith a' dèanamh cinnteach gun toirear sùil air a' Ghàidhlig am measg chùisean eile.

Mar a tha sinn a' dèanamh adhartas leis na prìomhachasan agus gealltanasan anns a' Phlana seo, bidh sinn cuideachd a' cumail taic ri Riaghaltas na h-Alba agus am Prògram airson Riaghladh. Bidh sin a' gabhail a-steach nan gealltanasan co-cheangailte ris a' Ghàidhlig agus na raointean eile a thig fo bhuaidh na Gàidhlig.

Geàrr-chunntas

Thathar ag ràdh air a' chiad duilleig dhen Phlana seo gur ann le Alba gu lèir a tha a' Ghàidhlig, agus tha na paragrafan gu h-àrd a' sealltainn farsaingeachd is iomadachd a' chàirdeis seo agus mar a tha a' Ghàidhlig a' cur ri prìomhachasan nas farsainghe.



5. A' GHÀIDHLIG ANN AN ALBA

Buaidh Ghnothaichean Làthaireach a tha a' Cumail Taic ris a' Ghàidhlig

Tha an earrann seo a' toirt seachad thar-shealladh goirid air an adhartas a rinneadh o chionn ghoirid. Tha e a' sealltainn far an tàinig piseach air gnothaichean agus far a bheil obair a dhìth. Tha e cuideachd a' mìneachadh mar a thagh sinn cuid de ar prìomhachasan.

Planadh Cànain agus Rannsachadh

Chaidh am Plana seo ullachadh mar thoradh air planadh cànain agus rannsachadh. Tha sinn air sùil a thoirt air suidheachadh na Gàidhlig an coimeas ri modailean teòiridheach de phlanadh cànain, agus thàinig feabhas air a' Phlana seo air sgàth rannsachadh a rinneadh o chionn ghoirid. Tha seo a' gabhail a-steach rannsachadh air buaidh a' Phlana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig 2012-17 agus aithisg chudromach air Cunntas-sluaigh na h-Alba 2011. Bha aithisgean cudromach ann cuideachd air gnothaichean corpas cànain, foghlam Gàidhlig do dh'ìnbhich agus foghlam Gàidhlig aig ìre sgoile.

A' Ghàidhlig ann an Alba

Tha sinn air deagh adhartas a dhèanamh thar nam beagan bhliadhnaichean a dh'fhalbh, agus feumaidh sinn dèanamh cinnteach gun lean sinn oirnn anns an aon dòigh. A rèir Cunntas-sluaigh 2011, tha sgilean Gàidhlig aig timcheall air 87,000 duine ann an Alba (mu 1.7% dhen mhòr-shluagh).

Airson a' chiad turais riamh, bha àrdachadh anns an àireamh dhaoine fo aois 25 aig a bheil an cànan,

ged a chrìon àireamh an luchd-labhairt beagan thar nan aoisean gu lèir. Tha e riatanach airson Gàidhlig a ghleidheadh mar chànan beò gun toirear taic do dhaoine òga a bhith ga bruidhinn agus ga toirt seachad don ath ghinealach.

Tha na sgìrean còmhnaidh aig luchd-labhairt na Gàidhlig cudromach cuideachd. Ged a tha an àireamh as motha air a bhith ann an coimhearsnachdan far a bheil an cànan aig a' mhòr-chuid, gu h-àraidh air taobh an iar-thuath na Gàidhealtachd agus sna h-Eileanan, tha an àireamh air a dhol am meud o chionn ghoirid ann an sgìrean eile, gu sònraichte anns na bailtean mòra, air sàillibh leudachadh ann am foghlam tron Ghàidhlig.

Tha na dùbhlain a tha ro choimhearsnachdan eileanach a thaobh na h-eaconamaidh agus meud an t-sluaigh a' buntainn gu mòr ri slàinte na Gàidhlig anns na sgìrean traidiseanta aice. Ged a tha poileasaidhean air taigheadas agus leasachadh eaconamach taobh a-muigh raointean a' Phlana seo, chan urrainn dhuinn na gnothaichean sin, agus am buaidh air a' Ghàidhlig, a chur an dàrna taobh, agus feumaidh sinn dèanamh cinnteach gun obraich sinn ann

A' GHÀIDHLIG ANN AN ALBA

an co-bhuinn ri buidhnean is coimhearsnachdan airson dèiligeadh riutha.

Feumaidh, mar sin, ar n-oidhirpean gus taic a thoirt don Ghàidhlig a bhith buntainneach ris na coimhearsnachdan as làidire anns a bheilear a' bruidhinn a' chànain, na coimhearsnachdan a tha ag èirigh agus a' fàs ann an sgìrean eile, agus na daoine òga a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig ann an àireamhan a tha a' sìor dhol am meud.

Agus cha dèanar tomhas air an adhartas a rinneadh ann an structaran, pròiseactan, buidhnean is reachdas mar chinn-uidhe annta fhèin. Feumar iad seo a chur an gnìomh gu h-èifeachdach airson meudachadh a thoirt air cleachdadh agus ionnsachadh na Gàidhlig.

Foghlam Gàidhlig ann an Alba

Tha foghlam tron Ghàidhlig (FtG) a-nise stèidhichte mar phàirt de dh'fhoghlam ann an Alba. 'S e adhbhar foghlam tron Ghàidhlig agus ionnsachadh bogaidh a bhith a' toirt clann chun na h-aon ìre de dh'fhileantachd is litearrachd ann an Gàidhlig agus Beurla. Thathar ag amas air comas a bhith aig daoine òga a bhith ag obair le misneachd agus gu siùbhlach anns an dà chànan fhad 's a tha iad a' dol bho fhoghlam nan tràth-bhliadhnaichean, tron bhun-sgoil agus a-steach don àrd-sgoil, agus buannachd fhaighinn à buadhan dà-chànanais. Tha FtG ri fhaighinn aig grunn ùghdarrasan foghlaim ann an Alba. Tha àireamh nan sgoiltean Gàidhlig agus bun-sgoiltean dà-shruthach (Gàidhlig is Beurla), far a bheil FtG anns a' mhòr-chuid, a' dol am meud. Tha tràth-ionnsachadh is cùram-chloinne na Gàidhlig

cuideachd ri fhaighinn ann am pàirtean de dh'Alba. Tha foghlam tron Ghàidhlig ri fhaighinn cuideachd ann an grunn àrd-sgoiltean ann an Alba.

Tha foghlam luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig (FLI) eadar-dhealaichte bho FtG oir tha e air a libhrigeadh mar chànan a bharrachd dhaibhsan a tha a' faighinn an cuid foghlaim tron Bheurla. Tha fàs air a bhith ann am FLI thar nam beagan bhliadhnaichean a dh'fhalbh, gu h-àraidh sa bhun-sgoil far a bheil e a' fosgladh doras a' chànain 's a chultair do chlann òg.

Tha na cothroman aig clann Gàidhlig ionnsachadh anns an sgoil air leth cudromach, ach tha e a cheart cho cudromach gum bi cothroman aca an cuid sgilean Gàidhlig a leasachadh nuair a tha iad a' dol a-steach don àite-obrach. Le bhith a' toirt sùil gheur air leasachadh sgilean co-cheangailte ri dreuchdan, tha dùil ann gum fosgail slighean ùra a leigeas le luchd-labhairt na Gàidhlig an cuid sgilean a lìomhadh ann an co-cheangal ri cothroman obrach, agus gum bi feadhainn a' toirt an comasan ann an Gàidhlig gu ìre eile le bhith a' gabhail brath air nuadh-phreantasachdan tron Ghàidhlig.

Tha àite mòr cuideachd aig buidhnean foghlaim agus buidhnean poblach ann an Alba ann a bhith a' toirt taic do, agus a' leasachadh, foghlam Gàidhlig ann an Alba. Tha Foghlam Alba, Ùghdarras Theisteanas na h-Alba (SQA), Leasachadh Sgilean na h-Alba, Comhairle Choitcheann Teagaisg na h-Alba (GTCS), Comhairle Mhaoineachaidh na h-Alba (SFC), A' Cholaiste Albannach airson Ceannas ann am

A' GHÀIDHLIG ANN AN **ALBA**

Foghlam (SCEL), oilthighean, colaistean agus ionadan foghlaim do luchd-teagaisg a' dèanamh obair riatanach a thaobh brosnachadh, taic is fàs foghlam Gàidhlig ann an Alba. Cuide ris na buidhnean seo, bidh Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig a' toirt taic do sgoilearan, luchd-teagaisg agus teaghlaichean le bhith a' solarachadh ghoireasan airson foghlam Gàidhlig.

Teagasg Gàidhlig agus Luchd-taic Oideachaidh

Tha sinn ag amas air fàs a thoirt air foghlam Gàidhlig. Feumaidh sinn cuideachd a bhith a' toirt taic do thrèanadh is trusadh luchd-teagaisg agus luchd-obrach eile airson Gàidhlig ann an sgoiltean is sna tràth-bhliadhnaichean. Thar nam beagan bhliadhnaichean a dh'fhalbh, tha barrachd thidsearan Gàidhlig air a bhith air am fastadh agus feumar seo a chumail a' dol. Tha seo air tachairt air sgàth taic airson na dà chuid, slighean gnàthasach agus slighean ùra, a-steach gu teagasg. Feumar leantainn leis a' mhodh dhà-fhillteach seo mar phàirt de ar taic airson foghlam Gàidhlig.

Ionnsachadh Gàidhlig Seach-sgoile

Tha cothroman matha do luchd-labhairt is luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig an cois Foghlam Leantainneach agus Àrd-ìre. Ann an 2016-17, bha timcheall air 500 oileanach clàraichte air prògraman ceum agus iar-cheum Gàidhlig thairis air sia ionadan-foghlaim ann an Alba, le Sabhal Mòr Ostaig anns an Eilean Sgitheanach a' tabhann farsaingeachd de chùrsaichean foghlam leantainneach agus àrd-ìre tron Ghàidhlig.

A bharrachd air na slighean ionnsachaidh foirmeil seo, tha fios againn gu bheil timcheall air 3,500 duine ann an Alba ag ionnsachadh a' chànain tro fharsaingeachd de chùrsaichean agus ann an coimhearsnachdan thairis air Alba gu lèir.

Tha an làrach-lìn do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig, **LearnGaelic.scot**, a' tarraing nam miltean de luchd-cleachdaidh cunbhalach bho air feadh Alba agus thall thairis. Cuide ris na prògraman matha air BBC ALBA agus BBC Radio nan Gàidheal, tha sin a' cruthachadh ghoireasan luachmhor do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig. Bidh rannsachadh leantainneach a' cur ri ar tuigse air feumalachdan luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig aig ìre inbhich agus gar cuideachadh le bhith dealbh ro-innleachdan airson taic a chumail riutha anns an ùine a tha romhainn.

Tha prògraman foghlaim aig astar, a th' air an ruith le Sabhal Mòr Ostaig, a' tarraing luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig à gach ceàrn dhen t-saoghal; tha iad a' cuideachadh ann a bhith a' meudachadh na th' ann de luchd-labhairt a' chànain agus a' toirt cothroman cosnaidh do dh'oiden.

Tha barrachd chothroman air nochdadh airson Gàidhlig a chleachdadh anns an àite-obrach air sgàth nam planaichean cànain Gàidhlig anns an roinn phoblaich ann an Alba. Bidh mòran luchd-fastaidh a' brosnachadh an luchd-obrach gus Gàidhlig ionnsachadh, gus am bi iad comasach air seirbheis nas coileanta a thoirt seachad don phoball.

A' GHÀIDHLIG ANN AN ALBA

Ionnsachadh na Gàidhlig

Ann am foghlam, tha fàs is adhartas air a bhith ann. Gach bliadhna 's urrainn dhuinn leasachaidhean ùra a chomharrachadh a th' air neart a thoirt do dh'fhoghlam Gàidhlig ann an sgoiltean na h-Alba.

Tha beachd cunbhalach ann cuideachd gu bheil foghlam Gàidhlig deatamach airson fàs a' chàinain agus, air sàillibh sin, bidh foghlam agus ionnsachadh aig cridhe a' Phlana seo, mar a bha sa Phlana roimhe, agus nochdaidh iad anns na prìomhachasan is gealltanasan leis an amas gun tig fàs is piseach air suidheachadh na Gàidhlig.

'S e ar beachd soilleir gu bheil foghlam Gàidhlig a' cur gu mòr ris an amas gun leudaich na th' ann de dhaoine a labhras, a chleachdas agus a dh'ionnsaicheas an cànan. Bidh foghlam Gàidhlig cuideachd a' cur ri raointean eile co-cheangailte ris a' chànan. Tha sinn gu math soilleir, ma-thà, gum feumar adhartachadh foghlam Gàidhlig a bhith air a chumail suas agus air a leudachadh.

Na Meadhanan Gàidhlig

Aig an ìre seo tha e doirbh a bhith a' beachdachadh air a' Ghàidhlig ann an Alba gun a bhith a' meòrachadh air an obair a rinn MG ALBA/ BBC ALBA agus BBC Radio nan Gàidheal. Tha craoladh Gàidhlig air mòran a chur ri leasachadh na Gàidhlig thar nam beagan bhliadhnaichean a dh'fhalbh. Bidh an sianal didseatach Gàidhlig, BBC ALBA, a' frithealadh air luchd-amhairc farsaing a' gabhail a-steach luchd-labhairt is luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig, agus luchd-

amhairc nas fharsainge na sin anns gach ceàrn de dh'Alba. Tha taic leantainneach airson telebhisean, rèidio, craoladh agus goireasan Gàidhlig air-loidhne deatamach airson beachdan bàigheil don chànan a bhrosnachadh ann an Alba air fad, agus airson goireasan a chruthachadh do luchd-labhairt is luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig.

Tha MG ALBA/BBC ALBA a' cur, ann an dòigh gun choimeas, ri caochladh raointean leasachadh Gàidhlig eile, leithid foghlam Gàidhlig do dh'inbhich, foghlam sgoile, iomairtean airson daoine òga agus Gàidhlig anns an dachaigh agus sa choimhearsnachd.

Chithear buannachdan bho MG ALBA/BBC ALBA anns na tha iad a' cur ri fastadh, sgilean, trèanadh, na gnìomhachasan cruthachail, spòrs, na h-ealain agus ceòl traidiseanta. Tha MG ALBA air cothroman cosnaidh matha a chruthachadh ann an sgìrean le sluagh beag. Tha dà phròiseact aca, FilmG agus LearnGaelic.scot, air a bhith gu math luachmhor cuideachd. Tha MG ALBA a' cur gu mòr cuideachd ris a' Ghàidhlig agus ri cultar agus eaconamaidh na h-Alba.

A' Ghàidhlig anns na h-Ealain

Tha na h-ealain Ghàidhlig gu math cudromach an dà chuid airson coimhearsnachd a' chàinain agus gu nàiseanta. Faodaidh iad gràdh is dìlseachd don chànan a bhrosnachadh, agus cothroman a thoirt do dhaoine a thaobh leasachadh sgilean is taisbeanaidh, airson inntrigeadh is com-pàirteachadh agus airson a dhol an sàs ann an gnothaichean, agus a bhith a' sireadh sàr-mhathas. Air sàillibh seo, bidh tarraing is

A' GHÀIDHLIG ANN AN **ALBA**

iomhaigh na Gàidhlig air an neartachadh agus bidh ar beatha chultarach air a toirt am feabhas, le buannachdan eaconamach is sòisealta na cois.

Tha Alba Chruthachail air a bhith air leth cudromach anns an dòigh seo. Tha grunn ùghdarrasan is bhuidhnean eile air a bhith taiceil cuideachd. Tha an ceangal eadar a' Ghàidhlig agus ealain is cultar na Gàidhlig air a bhith cudromach gu h-eachdraidheil, agus tha e fhathast cudromach an-diugh. Tha taic airson prìomh bhuidhnean riatanach ach tha an t-àite a th' aig luchd-ealain is sgrìobhadairean Gàidhlig ann an cuirmean is tachartasan mòra air leth cudromach cuideachd.

Ma tha sinn ag amas air fàs ann an cleachdadh na Gàidhlig, tha e deatamach gun lean obair luachmhor nan ealain Gàidhlig. Tha seo a' gabhail a-steach a' Chomuinn Ghàidhealaich, gu h-àraidh tron obair aca air a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail agus mòdan ionadail, Fèisean nan Gàidheal a tha a' toirt na Gàidhlig agus nan ealain do dh'òigridh, buidhnean mar Cheòlas agus farsaingeachd de bhuidhnean dràma agus ionadan-ealain.

Tha taic airson foillseachadh Gàidhlig, gu h-àraidh tro obair Chomhairle nan Leabhraichean, Acair is eile, a' dèanamh cinnteach gum bi cothroman ann do sgrìobhadairean is luchd-leughaidh aig a bheil Gàidhlig.

Bidh na h-ealain a' toirt deagh bhuaidh fharsaing air a' chànan. Tha cleachdadh na Gàidhlig anns na h-ealain cudromach airson luchd-labhairt is luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig ann an Alba is

thall thairis. Ma tha sinn ag amas air fàs a thoirt air cleachdadh na Gàidhlig, tha àite mòr aig na h-ealain aig cridhe a' ghnothaich.

An Dachaigh is A' Choimhearsnachd

Tha cleachdadh na Gàidhlig anns an dachaigh agus sa choimhearsnachd air leth cudromach agus tha diofar bhuidhnean, leithid Comunn na Gàidhlig agus Comunn nan Pàrant a' dèanamh tòrr obrach feumail co-cheangailte ri seo. Tha iomadh eileamaid a' toirt buaidh dhìreach is neo-dhìreach air cleachdadh na Gàidhlig anns na raointean seo. Feumaidh sinn tomhas a dhèanamh air na gnòthaichean as motha a bheir buaidh air cleachdadh a' chànan anns an dachaigh agus sa choimhearsnachd, agus dèanamh cinnteach gu bheil taic ann dhaibh. Ann an co-theacsa a' Phlana seo, faodar a ràdh gu bheil 'coimhearsnachd' a' ciallachadh: coimhearsnachdan le ìre àrd de luchd-labhairt na Gàidhlig; coimhearsnachdan taobh a-staigh bhailtean is chathair-bhailtean; agus coimhearsnachdan a th' air an ceangal ri chèile tro na meadhanan is teicneòlas.

Sheall Cunntas-sluaigh 2011 gu bheil 21% de luchd-labhairt na Gàidhlig a' fuireach ann an coimhearsnachdan far a bheil Gàidhlig aig barrachd dhaoine na 'n ìre chuibheasach nàiseanta. Tha na coimhearsnachdan anns a bheil na ceudadan as àirde de luchd-labhairt na Gàidhlig anns na h-Eileanan Siar, san Eilean Sgitheanach agus ann an eileanan Earra-Ghàidheal. Bha a h-uile coimhearsnachd anns an robh Gàidhlig aig a' mhòr-chuid dhen

A' GHÀIDHLIG ANN AN **ALBA**

t-sluagh anns na h-Eileanan Siar. Tha na coimhearsnachdan sin air leth cudromach don chànan oir tha iad a' toirt chothroman do dhaoine an cànan a chleachdadh gu làitheil agus tha iad a' cruthachadh suidheachadh far a bheil e nas coltaiche gum bi Gàidhlig aig feadhainn òga.

Ann an coimhearsnachdan dùthchail, tha sinn gu math mothachail do na ceanglaichean eadar cànan agus mòran ghnothaichean eile, leithid na h-eaconamaidh, cosnadh, còmh dhail agus conaltradh. Bidh na h-eileamaidean seo fon phrosbaig againn nuair a tha sinn a' beachdachadh air neartachadh na Gàidhlig anns na sgìrean seo. Tha cuid de leasachaidhean stèidhichte mu thràth a bheir buaidh air cleachdadh a' chànan anns na sgìrean seo. Tha sinn air a ràdh gun toir sinn sùil as ùr air na coimhearsnachdan seo, agus tha e na amas dhuinn gun cuir sinn ri, agus gun neartaich sinn, na h-iomairtean a bheir buaidh air cleachdadh a' chànan an sin.

Anns an fharsaingeachd, tha sgaoileadh luchd-labhairt na Gàidhlig ann an Alba air atharrachadh bhon t-suidheachadh nuair a bha a' mhòr-chuid a' còmhnaidh air a' Ghàidhealtachd agus sna h-Eileanan chun an t-suidheachaidh an-diugh, agus dìreach an dàrna cuid dhiubh a' fuireach anns an roinn seo, leis an leth eile a' fuireach ann an sgìrean Gallta, mòran dhiubh ann am bailtean is cathair-bhailtean.

Nar bailtean mòra, chunnaic sinn fàs choimhearsnachdan Gàidhlig ùra, le foghlam tron Ghàidhlig gu tric na bhunait dhaibh. Tha mòran luchd-labhairt òga a' tighinn a-mach à bailtean

mòra na h-Alba, agus tha gu leòr dhiubh aig nach eil dlùth-shinnsireachd Ghàidhealach. Tha dùbhlann ro na coimhearsnachdan bailteil seo ann a bhith a' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig anna. Tha iad gu mòr an urra ri foghlam foirmeil, na h-ealain agus lionraidhean sòisealta neo-fhoirmeil an-dràsta.

Tha sinn a' tuigsinn cho cudromach 's a tha seirbheisean telebhisein is rèidio Gàidhlig ann a bhith a' ceangal dhaoine is coimhearsnachdan luchd-labhairt na Gàidhlig ri chèile, agus iad gu tric air an sgaradh bho chèile air adhbharan cruinn-eòlach no sòisealta. Tha na coimhearsnachdan ceangailte seo air a dhol am meud thairis air an deichead a dh'fhalbh, agus cleachdadh na Gàidhlig a' sgaoileadh anns na meadhanan didseatach is sòisealta. Tha na thathas a' tuigsinn le 'coimhearsnachd Ghàidhlig' air sgaoileadh fada thairis air crìochan na h-Alba, agus faodaidh luchd-labhairt na Gàidhlig a bhith air an ceangal ri chèile barrachd a-nise na bha iad riamh roimhe. An cois sin, nochdaidh farsaingeachd de chothroman ùra.

Planaichean Cànain Gàidhlig

Tha mòran ùghdarrasan Albannach a' gabhail cheumannan cudromach le bhith a' toirt taic don Ghàidhlig anns na sgìrean aca agus a rèir an dleastanasan. Tha aig Bòrd na Gàidhlig ri brosnachadh is taic a thoirt dhaibh airson sin. Bidh dòigh-obrach planaichean cànain Gàidhlig a' brosnachadh obair chom-pàirteach eadar Bòrd na Gàidhlig agus na buidhnean poblach sin. Gheibhear lorg air a h-uile buidhinn aig a bheil planaichean cànain aontaichte ann an Èarr-ràdh II.

A' GHÀIDHLIG ANN AN **ALBA**

Tha planaichean cànain Gàidhlig rin lorg air feadh saoghal poblach na h-Alba. Chaidh còrr is 50 plana a dhealbh agus a chur an sàs le ùghdarrasan ionadail, buidhnean poblach, pàircean nàiseanta, bùird slàinte, ionadan acadaimigeach, agus le Pàrlamaid is Riaghaltas na h-Alba. An-dràsta, thathar ag ullachadh mu 20 plana eile.

Chithear buaidh nam planaichean ann am faicsinneachd na Gàidhlig ann an ùghdarrasan poblach, ann an leasachadh iomairtean is phròiseactan a bheir taic do dh'ionnsachadh is cleachdadh na Gàidhlig, agus le seirbheisean a bharrachd a tha air an libhrigeadh, leithid ann am foghlam tron Ghàidhlig is foghlam luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig.

Corpas na Gàidhlig

Tha grunn iomairtean is pròiseactan ann a chuireas ri beartas, buntainneas agus cunbhalachd na Gàidhlig. Tha na pròiseactan aig diofar meud is leud, ach tha iad uile feumail don chànan.

Tha na prìomh phròiseactan anns an roinn seo a' gabhail a-steach Faclair na Gàidhlig, Ainmean-Àite na h-Alba, Am Buidheann Stiùiridh Corpais, An Seotal, Gnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig (GOC) agus am pròiseact DASG aig Oilthigh Ghlaschu. A thaobh leasachadh corpais, bidh Bòrd na Gàidhlig a' leantainn air le bhith a' toirt taic is a' dèanamh co-òrdanachadh far an gabh sin dèanamh.

Ceanglaichean Eadar-nàiseanta

Bidh ceanglaichean eadar-nàiseanta a' cur ri cleachdadh agus ìomhaigh na Gàidhlig. Tha seo a' gabhail a-steach cheanglaichean le luchd-labhairt na Gàidhlig ann an àiteachan eile agus le mion-chànanan eile. Tha na dhà seo a' toirt bhuannachdan don Ghàidhlig ann an Alba. Tha structaran ann mu thràth a bhios a' brosnachadh nan ceanglaichean seo, agus tha grunn bhuidhnean is luchd-iomairt Gàidhlig air an ceanglaichean fhèin a thogail. Bithear a' brosnachadh na leithid seo.

Am measg eisimpleirean dhiubh, tha Comhairle Bhreatainn 's na h-Èireann, Fèis nan Dathan Ceilteach ann an Alba Nuaidh, am pròiseact Colmcille agus sgeama bursaraidh Riaghaltas na h-Alba airson oileanaich às Alba Nuaidh. Tha barrachd is barrachd bhuidhnean, leithid MG ALBA agus Sabhal Mòr Ostaig, aig a bheil ceanglaichean obrach stèidhichte. Tha MG ALBA gu sònraichte a' cruthachadh cheanglaichean ealanta is eaconamach le craoladairean mhion-chànanan eile a leudaicheas luchd-amhairc an t-sianail.

Cleachdadh na Gàidhlig

Tha grunn dùbhlann co-cheangailte ri fàs a thoirt air cleachdadh na Gàidhlig ann an dachannan is coimhearsnachdan. Ged a dh'fhaodar grunn iomairtean a chomharrachadh a tha a' toirt buaidh air seo, tha sinn dhen bheachd gur e seo raon dhan tigeadh buannachd nam bite a' dèanamh sgrùdadh air an obair a nithear airson dèanamh cinnteach gu bheil i cho èifeachdach 's a ghabhas.

A' GHÀIDHLIG ANN AN ALBA

Cuideachd, fo cheann cleachdadh na Gàidhlig, tha MG ALBA/BBC ALBA a' dèanamh tòrr. Nì sinn cinnteach gun co-obrachadh sinn le, agus gun toir sinn taic do, ar com-pàirtichean ann an MG ALBA/BBC ALBA leis an fharsaingeachd de dh'àrd-amasan a th' aca.

Tro bheatha a' Phlana seo, tha sinn ag amas air fòcas nas làidire is co-chrochte a thoirt air na h-ealain Ghàidhlig air sgàth na tha na h-ealain a' cur ri meudachadh ann an cleachdadh na Gàidhlig.

Tha planaichean cànain Gàidhlig air a bhith cudromach ann a bhith a' toirt fàs air cleachdadh na Gàidhlig agus, anns na bliadhnaichean a tha romhainn, bu mhath leinn cuideam a bharrachd a thoirt air co-obrachadh a bharrachd le, agus eadar, ùghdarrasan, agus bu mhath leinn dèanamh cinnteach gun toirear taic mhòr do bhuidhnean poblach le cleachdadh na Gàidhlig. Tha sinn air liosta de dh'ùghdarrasan is buidhnean le Planaichean cànain aontaichte a chur ann an Eàrr-ràdh II.

Cuideachd fo cheann cleachdadh na Gàidhlig tha leasachadh corpais. Feumaidh a' Ghàidhlig a bhith co-sheasmhach agus buntainneach an-diugh agus san ùine a tha romhainn. Air an adhbhar sin, tha e cudromach gum bi iomairtean a chuireas ri, agus a cho-òrdanaicheas, briathrachas a' chànain a' faighinn taic.

Mu dheireadh, fo cheann cleachdadh na Gàidhlig, tha sinn a' faicinn gum faodadh ar ceanglaichean eadar-nàiseanta a bhith gu maith a' chànain, agus bheir sinn sùil air mar a

ghabhas an leasachadh gu buannachd adhbhar na Gàidhlig ann an Alba agus àiteachan eile.

Inbhe na Gàidhlig

Thairis air na beagan bhliadhnaichean a dh'fhalbh, thàinig piseach air inbhe na Gàidhlig ann an Alba. Le seo, tha sinn a' ciallachadh gu bheil aithne is taic a' phobaill airson a' chànain air a dhol am feabhas, agus gu bheil iomadh buidheann is ùghdarras ann an Alba air a bhith gu math taiceil dhi.

Tha Riaghaltas na h-Alba air adhartas a dhèanamh le cuid de phrìomhachasan Gàidhlig o chionn ghoirid, tha taic chunbhalach air tighinn bho Phàrlamaid na h-Alba agus tha grunn ùghdarrasan air taic a dhearbhadh don chànain. Tha obair Bhòrd na Gàidhlig air planaichean cànain Gàidhlig air cur ri inbhe nas àirde don Ghàidhlig ann an còrr is 50 buidheann phoblach.

Tha e cudromach do ghleidheadh àite na Gàidhlig ann an Alba an-diugh a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil beachdan taiceil air a' chànain aig an fheadhainn aig nach eil i. Ann an 2011 is 2013 bha suirbhidhean ann air beachdan a' phobaill agus sheall iad gu bheil a' mhòr-chuid de dhaoine ann an Alba mothachail don Ghàidhlig agus taiceil dhi. Tha na suirbhidhean cuideachd a' sealltainn gu bheil BBC ALBA a' toirt deagh bhuaidh air beachdan air a' Ghàidhlig ann an Alba.

Ge-tà, chithear nàimhdeas don Ghàidhlig fhathast anns na meadhanan agus ann am poilitigs. Mar fhreagairt air sin, tha e cudromach gum bithear a' cur air adhart ìomhaigh mhath

A' GHÀIDHLIG ANN AN **ALBA**

anns na meadhanan. Bidh Bòrd na Gàidhlig air ceann na h-obrach ann an co-bhuinn ri prìomh chom-pàirtichean airson dèanamh cinnteach gum bi bàigh ris a' chànan air a brosnachadh. Bidh ceannas is taic Riaghaltas na h-Alba air leth cudromach airson seo a thoirt gu buil.

Co-dhùnadh

Tha sinn air adhartas mòr a dhèanamh ann an leasachadh na Gàidhlig, ach tha mòran againn ri dhèanamh fhathast. Tha e soilleir bhon sgrùdadh ghoirid gu h-àrd air na h-iomairtean a th' ann an-dràsta, gum feum sinn a bhith a' leantainn oirnn leis an adhartas a rinn sin, agus gum feum sinn leudachadh air ar n-oidhirpean tro ghealltanasan ùra.

Tha ar sgrùdadh, air na h-iomairtean a th' ann an-dràsta, gar toirt chun a' cho-dhùnaidh gum feum sinn a bhith ag oidhirpeachadh thar farsaingeachd de dh'iomairtean. Chaidh an comharrachadh-san fo na cinn – deagh iomhaigh a chur air adhart airson na Gàidhlig, agus an dà chuid ionnsachadh is cleachdadh a' chànan a leudachadh.

'S iad seo na trì cinn a chleachd sinn airson ar prìomhachasan is gealltanasan a chomharrachadh. Tha sinn mothachail gum bi cuid de phrìomhachasan is gealltanasan a' cur ris na trì.



6. A' CUR NA GÀIDHLIG AIR ADHART

A' dèanamh cinnteach gum bi deagh ìomhaigh aig a' Ghàidhlig

Priomh Raointean

- Taic airson na Gàidhlig bho Riaghaltas na h-Alba agus taic phoilitigeach san fharsaingeachd
- Planaichean cànain Gàidhlig air an cur an gnìomh le ùghdarrasan ionadail agus buidhnean poblach
- A' cur luach sòisealta, eaconamach is cultarach na Gàidhlig air adhart
- Brosnachadh deagh ìomhaigh don Ghàidhlig tro:
 - na meadhanan Gàidhlig
 - foghlam Gàidhlig aig a h-uile ìre, agus na h-ealain Ghàidhlig
- Teachdaireachdan deimhinneach mun Ghàidhlig ann an co-cheangal ri iomadachd agus in-ghabhail

Ag obair leis a h-uile prìomh chom-pàirtiche, nì sinn cinnteach gu bheilear a' cur adhart deagh ìomhaigh airson na Gàidhlig. Tha sin a' gabhail a-steach a h-uile raon a th' air a chlàradh shuas.

Bidh e a' gabhail a-steach farsaingeachd de dh'iomairtean a dh'fhaodadh a chur ri deagh ìomhaigh airson na Gàidhlig ann an Alba.

Thairis air na beagan bhliadhnaichean a dh'fhalbh, fhuair a' Ghàidhlig buannachd bho cheannas is taic Riaghaltas na h-Alba (RnA). Bidh sinn a' feuchainn ri dèanamh cinnteach gum bi an taic seo leantainneach agus a' sealltainn far a bheil a' Ghàidhlig a' cur ri prìomhachasan eile aig RnA; bidh sinn cuideachd a' brosnachadh bhuidhnean Gàidhlig am beachdan a chur an cèill nuair a tha cothroman co-chomhairleachaidh ann.

Tha dòighean obrach phlanaichean cànain Gàidhlig (PCG) air a bhith a' cur ri inbhe is ìomhaigh a' chànain, agus aire a' phobaill oirre. Ged a tha sinn ag aithneachadh gu bheil PCG a' coileanadh grunn rudan, bidh sinn a' feuchainn ri dèanamh cinnteach gu bheil deagh ìomhaigh don chànan aig cridhe na h-obrach seo.

Tha àite cudromach aig craoladh Gàidhlig ann a bhith a' cruthachadh deagh ìomhaigh airson na Gàidhlig. Tha suirbhidhean de bheachdan a' phobaill ann an 2011 is 2013 air sin a shoilleireachadh. Tha àite mòr aig na h-ealain Ghàidhlig ann a bhith ag adhartachadh ìomhaigh na Gàidhlig.

A' CUR NA GÀIDHLIG AIR ADHART

A thuilleadh air sin, tha an fhèill a bharrachd a th' air foghlam Gàidhlig a' cur ri ìomhaigh a' chànan. Faodaidh siostam an fhoghlaim a bhith na shlighe a dh'ionnsaigh tuigse a bharrachd a bhith aig daoine air àite na Gàidhlig ann an Alba san latha an-diugh.

Agus tha sinn ag aithneachadh gu bheil feum air sgeul math, làidir mu dheidhinn na Gàidhlig ann

an Alba, agus gum feumar naidheachdan matha innse mun chànan. Nì sinn cinnteach gun gabhar brath air cothroman airson sin a chur an sàs.

Leis na prìomhachasan seo, nì sinn cinnteach gum bithear a' cur air adhart deagh ìomhaigh airson na Gàidhlig ann an Alba.

Priomh Ghealltanasan

Bidh sinn a' cuimseachadh gu mòr air na gnothaichean gu h-àrd a chur an gnìomh oir tha sinn ag aithneachadh cho cudromach 's a tha iad do Ghàidhlig ann an Alba.

Tha sinn ag aithneachadh cuideachd gu bheil raointean ann far a bheil feum air beachdan no ìomairt ùr. Tha iad clàraichte gu h-ìosal mar phrìomh ghealltanasan, agus tha ceangal soilleir aca ris na prìomh raointean agus ri ar prìomh amas.

Tha sinn misneachail gu bheil eileamaidean ùra anns na prìomh ghealltanasan a chuireas ris na th' againn mu thràth no a gheibh seachad air cnap-starra a chaidh aithneachadh. Tro cho-obrachadh le prìomh chom-pàirtichean, nì sinn cinnteach gun dèanar adhartas math leis na gealltanasan a tha gu h-ìosal tro bheatha a' Phlana seo.

Riaghaltas agus Pàrlamaid na h-Alba

Bidh luchd-taice na Gàidhlig a' cumail sùil air gealltanasan manifesto, builean nàiseanta agus prìomhachasan poileasaidh RnA.

A' Bheatha Phoblach

Bidh buidhnean Gàidhlig a' cur am beachdan a-steach gu co-chomhairleachaidhean nàiseanta. Cumaidh seo a' Ghàidhlig aig cridhe pròiseas cruthachadh poileasaidhean, agus cuiridh e ri inbhe is ìomhaigh na Gàidhlig.

A' CUR NA GÀIDHLIG AIR ADHART

Conaltradh

Leasaichear sgeul nas làidire mun Ghàidhlig, tro bhith ag aontachadh theachdaireachdan làidir, naidheachdan matha a sgaoileadh mun Ghàidhlig ann an Alba agus beachd a thoirt seachad air sgeulachdan a tha claon is ceàrr.

Buaidh nas Fharsainghe

Bithear a' cur bheachdan gu ùghdarrasan buntainneach air gach gnothach a bheir buaidh air a' Ghàidhlig ann an sgìrean far a bheil sluagh beag agus ceudad àrd de luchd-labhairt na Gàidhlig.

Co-Ionnanachd agus Iomadachd

Nithear rannsachadh air mar a tha co-ionnanachd agus iomadachd a' buntainn ris a' Ghàidhlig, agus thèid ro-innleachd a steidheachadh airson faighinn seachad air na cnapan-starra.

Priomh Ùghdarrasan agus Buidhnean

Gu h-ìosal, chithear na h-ùghdarrasan agus buidhnean aig a bheil prìomh dhleastanasan airson nan prìomhachasan agus prìomh ghealltanasan gu h-àrd. Tha feadhainn dhiubh air a bhith a' dèanamh tòrr airson na Gàidhlig mu thràth.

Riaghaltas na h-Alba, Pàrlamaid na h-Alba, ùghdarrasan ionadail, buidhnean poblach Albannach, Bòrd na Gàidhlig, MG ALBA agus buidhnean Gàidhlig.

7. IONNSACHADH NA GÀIDHLIG

Fàs a thoirt air an àireamh dhaoine a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig

Prìomh Raointean

- **Gàidhlig ann an Tràth-ionnsachadh is Cùram-chloinne (TCC)**
- **Foghlam tron Ghàidhlig (FtG) ann am bun-sgoiltean is àrd-sgoiltean**
- **Foghlam luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig (FLI) ann am bun-sgoiltean is àrd-sgoiltean**
- **Foghlam Gàidhlig seach-sgoile is do dh'inbheach**
- **A' trusadh, a' trèanadh agus a' solarachadh luchd-obrach airson Foghlam tron Gàidhlig**
- **Goireasan agus taic airson ionnsachadh**

Bidh sinn ag obair le ar prìomh chom-pàirtichean airson fòcas a chumail air ionnsachadh na Gàidhlig anns gach dòigh. Tha seo a' gabhail a-steach gach gnothach a chaidh ainmeachadh shuas.

Bidh sinn a' brosnachadh fàs, faotainneachd agus sanasachd FtG. Bheir sinn taic do phàrantan is luchd-cùraim a tha ag iarraidh FtG airson an cuid cloinne agus don fheadhainn a tha ag iarraidh sgoil Ghàidhlig a stèidheachadh anns a' choimhearsnachd aca. Tha cumhachan cudromach ann an Achd an Fhoghlaim 2016 a tha a' toirt chothroman ùra do theaghlachan agus Comann nam Pàrant gnothach a ghabhail ri FtG.

Tha Tràth-ionnsachadh agus Cùram-chloinne na Gàidhlig cudromach mar phàirt de dh'fhoghlam Gàidhlig agus airson a bhith a' daingneachadh suidheachadh na Gàidhlig ann an Alba.

Bidh sinn a' leantainn oirnn le bhith a' toirt prìomhachas do thrusadh, sanasachd, oideachadh, suidheachadh agus gleidheadh luchd-teagaisg Gàidhlig. Tha sinn ag iarraidh gum bi taic mhòr ann do luchd-teagaisg agus gum bithear a' cuimseachadh fhathast air foirfeachd ann an ionnsachadh Gàidhlig. Tha sinn a' toirt prìomhachas do ghoireasan is taic a bhith rim faighinn do thidsearan, luchd-taice sgoile agus sgoilearan, agus do leasachadh proifeasanta airson luchd-obrach sgoile. Tha iad seo air leth cudromach airson càileachd an ionnsachaidh ann am FtG agus FLI. Nì sinn cinnteach gum bi an Stiùireadh airson Foghlam Gàidhlig air a sgaoileadh is air a chleachdadh gu mòr, agus gum bi e na phrìomh ùghdarras air foghlam Gàidhlig.

IONNSACHADH NA GÀIDHLIG

Tha sinn ag iarraidh gum bi FLI air a neartachadh ann an sgoiltean agus gum bithear a' dèanamh deagh fheum dhen trèanadh agus goireasan a tha rim faighinn. Bidh sinn ag amas air barrachd sgoilearan a bhith ann am FLI ann am bun-sgoiltean agus àrd-sgoiltean.

Bidh sinn cuideachd a' toirt prìomhachas do gach eileamaid de dh'ionnsachadh na Gàidhlig an dèidh bliadhnaichean na sgoile. Tha sin a' gabhail a-steach obair ionmholta nan oilthighean

is nan colaistean. Bidh sinn cuideachd ag amas air cothroman ionnsachaidh do dh'inbich a bhrosnachadh, an dà chuid dhaibhsan aig a bheil ùidh ann a bhith ag ionnsachadh a' chànain agus don fheadhainn a chleachdas a' Ghàidhlig san àite-obrach, agus air taic a thoirt do dh'oidean agus goireasan ionnsachaidh.

Leis na prìomhachasan seo cuiridh sinn ionnsachadh na Gàidhlig am meud ann an Alba.



IONNSACHADH NA GÀIDHLIG

Priomh Ghealltanasan

Cumaidh sinn gu dlùth ris na prìomhachasan a chaidh ainmeachadh air an duilleig roimhe oir tha sinn ag aithneachadh cho cudromach 's a tha iad don Ghàidhlig ann an Alba.

Tha sinn ag aithneachadh cuideachd gu bheil raointean ann far a bheil leasachadh no iomairt ùr a dhith. Tha iad seo air an clàradh gu h-ìosal mar phrìomh ghealltanasan, agus tha ceangal soilleir aca ris na prìomh raointean agus ris an amas mhòr againn.

Tha sinn misneachail gu bheil eileamaid ùr anns na prìomh ghealltanasan seo a chuireas ris na th' ann mu thràth no a bheir fuasgladh do chnap-starra a chaidh a chomharrachadh.

Ag obair le prìomh chom-pàirtichean, nì sinn cinnteach gun tig adhartas air na gealltanasan seo tro bheatha a' Phlana seo.

Stiùireadh airson Foghlam Gàidhlig

Am-bliadhna, cuiridh Bòrd na Gàidhlig a-mach Stiùireadh reachdail airson foghlam Gàidhlig agus, ann an co-bhuinn ri com-pàirtichean, nithear cinnteach gum bi e air a sgaoileadh fad is farsaing, agus gum bi e air aithneachadh mar am prìomh ùghdarras air foghlam Gàidhlig.

Foghlam tron Ghàidhlig, taic do phàrantan

Thèid Achd an Fhoghlaim 2016 a chur an gnìomh am-bliadhna. Tro bheatha a' Phlana seo, bheir Bòrd na Gàidhlig taic do bhuidhnean phàrantan a dh'iarras foghlam tron Ghàidhlig airson an cuid cloinne.

FtG ann an sgìrean far a bheil àireamhan nach beag de luchd-labhairt na Gàidhlig

Chlàir Cunntas-sluaigh 2011 caogad paraiste chatharra anns an robh Gàidhlig aig co-dhiù 5% dhen t-sluagh. Bithear ag amas air FtG a dhèanamh ri fhaotainn do dhaoine òga anns a h-uile gin de na caogad paraiste seo.

Sgoiltean Gàidhlig

Ro dheireadh na bliadhna seo, bidh sia sgoiltean làn-Ghàidhlig ann. Bithear ag amas air sin àrdachadh gu deich tro bheatha a' Phlana seo.

e-Sgoil

Bithear a' toirt taic do bhith a' leudachadh nam prìomh chuspairean a tha air an libhrigeadh tron Ghàidhlig tro e-Sgoil.

IONNSACHADH NA GÀIDHLIG

Luchd-obrach Foghlam Gàidhlig

Bithear a' coimhead airson slighean ùra airson tidsearan Gàidhlig a lorg, a bhrosnachadh, oideachadh, fhasadh, agus a ghleidheadh, agus bithear a' sgrùdadh nan slighean a th' ann an-dràsta airson beàrnan aithneachadh. Tha feum cuideachd air sùil a thoirt air luchd-obrach eile, leithid luchd-obrach Tràth-ionnsachaidh is Cùraim-chloinne (TCC) agus luchd-taice cànain.

Fàs ann an Tràth-ionnsachadh is Cùram-chloinne na Gàidhlig

Bithear ag amas air TCC na Gàidhlig a thoirt am meud agus gum bi a leithid de sheirbheis ceangailte ris a h-uile bun-sgoil no aonad bun-sgoile Gàidhlig.

Leudachadh air Tràth-ionnsachadh is Cùram-chloinne na Gàidhlig

Bithear ag amas air buannachd fhaighinn do TCC tron Ghàidhlig bho phlana RnA leudachadh a thoirt air na h-uairean a thide de TCC, fhad 's a chumar gach iomairt a th' ann an-dràsta a' dol.

Trèanadh TCC na Gàidhlig

Bithear a' stèidheachadh cùrsa HNC ann an Gnàthachadh Cloinne a bhios ri fhaighinn tron Ghàidhlig.

Ionnsachadh Gàidhlig do dh'Inbich

Thèid na goireasan a th' ann airson ionnsachadh do dh'inbich a leasachadh, agus thèid na beàrnan ann an taic agus solarachadh a chomharrachadh agus a lìonadh.

Priomh Ùghdarrasan agus Buidhnean

Gu h-ìosal, chithear na h-ùghdarrasan agus buidhnean aig a bheil prìomh dhleastanasan airson nan prìomhachasan agus prìomh ghealltanasan gu h-àrd. Tha feadhainn dhiubh air a bhith a' dèanamh tòrr airson na Gàidhlig mu thràth.

Riaghaltas na h-Alba, Pàrlamaid na h-Alba, ùghdarrasan ionadail, buidhnean poblach Albannach, Comhairle Mhaoinachaidh na h-Alba, Foghlam Alba, Ùghdarras Theisteanas na h-Alba, Leasachadh Sgilean na h-Alba, Bòrd na Gàidhlig, MG ALBA, Ionadan Foghlam Leantainneach is Àrd-ìre agus buidhnean Gàidhlig.

8. CLEACHDADH NA GÀIDHLIG

Fàs a thoirt air an àireamh dhaoine a chleachdas a' Ghàidhlig

Prìomhachasan

- Iomairtean a bhios a' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig ann an dachannan is coimhearsnachdan
- Iomairtean a bhios a' brosnachadh dhaoine òga a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig
- Gàidhlig anns na meadhanan traidiseanta is ùra
- A' Ghàidhlig anns na h-ealain, foillseachadh agus na gnìomhachasan cruthachail
- Planaichean cànanain Gàidhlig
- Gàidhlig anns an àite-obrach
- Gàidhlig ann an gnìomhachasan dualchais, turasachd, biadh & deoch, àrainneachd agus chur-seachadan
- Iomairtean a neartaicheas beartas, buntainneachd is cunbhalachd a' chànanain
- Iomairtean a bhrosnaicheas ceanglaichean leis a' Ghàidhlig thall thairis agus le mion-chànanan

Ann an co-bhuinn ri ar prìomh chom-pàirtichean, cumaidh sinn fòcas air leudachadh ann an cleachdadh na Gàidhlig.

Bidh sin a' gabhail a-steach farsaingeachd de dh'iomairtean a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air cleachdadh na Gàidhlig ann an dachannan is coimhearsnachdan, le sùil gu sònraichte air gnothach a ghabhail ri agus taic a thoirt do dhaoine òga.

Mar phàirt dheth, bithear ag amas gu sònraichte air coimhearsnachdan dùthchail far a bheil Gàidhlig ga bruidhinn, air cothroman airson Gàidhlig a chleachdadh ann am bailtean is cathair-bhailtean na h-Alba, agus air a bhith togail barrachd cheanglaichean tro theicneòlas.

Tha na meadhanan Gàidhlig aig cridhe a' phrìomhachais seo agus tha iad gu math cudromach don Ghàidhlig ann an Alba. Tha seo a' gabhail a-steach obair MG ALBA, co-obrachadh leis a' BhBC ann am BBC ALBA agus obair nan companaidhean craolaidh neo-eisimeileach.

Tha na buannachdan an cois nam meadhanan Gàidhlig gu math farsaing agus, a thuilleadh air a bhith a' cur ri ionnsachadh a' chànanain, bidh iad cuideachd a' cur gu mòr, ann an dòigh gun choimeas, ri tuilleadh cleachdadh na Gàidhlig.

Tha cleachdadh na Gàidhlig anns na h-ealain agus raointean cruthachail eile a' toirt buannachdan seachad cuideachd, eadar 's gu bheil iad eaconamach, a' dèanamh na Gàidhlig nas tarraingiche no a' neartachadh dilseachd don chànan. A bharrachd air sin, bidh na h-ealain a' brosnachadh leasachadh sgilean, agus a' toirt

CLEACHDADH NA GÀIDHLIG

cothrom do dhaoine a bhith an sàs ann an cluich is libhrigeadh. Bidh iad a' dèanamh sin aig ìrean coimhearsnachd, nàiseanta is eadar-nàiseanta.

Gabhaidh mòran dèanamh cuideachd airson cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh anns na gnìomhachasan dualchais, turasachd, biadh & deoch, àrainneachd is chur-seachadan. Faodaidh Gàidhlig luach a chur ris an fheadhainn seo le bhith a' dèanamh ceangal ri cultar àraidh, àrainneachd bhrèagha agus nàdar, a' tabhann cothrom gun samhail do luchd-turais agus feadhainn a tha an sàs ann an cur-seachadan blasad fhaighinn de dhualchas na dùthcha.

Tha cothroman an cois ghnìomhachasan traidiseanta, leithid iasgach is croitearachd,

agus roinnean leithid slàinte is cùram sòisealta, Gàidhlig a chleachdadh agus airson luach a bharrachd a chur ris a' chànan dhaibhsan aig a bheil i. Faodaidh am meudachadh ann an sealbh choimhearsnachdan air am fearann deagh bhuaidh a thoirt cuideachd.

Tha buannachdan ann cuideachd an cois nan ceanglaichean tron Ghàidhlig ri Canada agus Èirinn. Tha cothroman an seo cleachdadh na Gàidhlig a chur am meud, com-pàirteachadh a bhrosnachadh agus àite na Gàidhlig a shanasachd gu h-eadar-nàiseanta.

Leis na prìomhachasan seo, bheir sinn cleachdadh na Gàidhlig am meud ann an Alba.



CLEACHDADH NA GÀIDHLIG

Priomh Ghealltanasan

Cumaidh sinn gu dlùth ris na prìomhachasan a chaidh ainmeachadh air an duilleig roimhe oir tha sinn ag aithneachadh cho cudromach 's a tha iad don Ghàidhlig ann an Alba.

Tha sinn ag aithneachadh cuideachd gu bheil raointean ann far a bheil leasachaidhean no iomairtean ùra a dhìth. Tha iad seo air an clàradh gu h-ìosal mar phrìomh ghealltanasan, agus tha ceangal soilleir aca ris na prìomh raointean agus ris an amas mhòr againn.

Tha sinn misneachail gun cuir na prìomh ghealltanasan seo ris na th' ann mu thràth no gum bi iad nam fuasgladh do chnapan-starra a chaidh a chomharrachadh.

Ag obair le prìomh chom-pàirtichean, nì sinn cinnteach gun tig adhartas air na gealltanasan seo tro bheatha a' Phlana seo.

Teaghlaichean

Tha e riatanach gum bi a' Ghàidhlig air a cleachdadh ann an teaghlaichean agus ann an coimhearsnachdan far a bheil ìre àrd de luchd-labhairt na Gàidhlig. Nithear sgrùdadh air na h-iomairtean a th' ann an-dràsta airson an èifeachdachd a thomhas agus airson beàrnan is cothroman ùra a chomharrachadh.

Daoine Òga

Iomairtean a bhios a' leudachadh na bhios ann de chur-seachadan, spòrs agus meadhanan ùra is didseatach do dhaoine òga tron Ghàidhlig agus a bhios a' leudachadh com-pàirteachadh annta.

Coimhearsnachdan le ìre àrd de luchd-labhairt na Gàidhlig

Maoin ioma-bhuidhneach a stèidheachadh a bheir taic do phròiseactan aig buill Fearann Coimhearsnachd na h-Alba a dh'ardaicheas luach sòisealta is eaconamach na Gàidhlig.

Coimhearsnachdan ann am bailtean is cathair-bhailtean

Leasachaidhean ùra a dhèanamh ann an spòrs agus sna h-ealain a chruthaicheas cothroman ùra airson Gàidhlig a bhruidhinn.

Craoladh Gàidhlig

Iomairt a dhèanamh airson maoineachadh a bharrachd fhaighinn do MG ALBA oir tha BBC ALBA cianail cudromach.

Gàidhlig anns an àite-obrach

Leasachadh ùr a chur an sàs a bhios a' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig anns an àite-obrach anns na roinnean priobhaideach, saor-thoileach is poblach.

CLEACHDADH NA GÀIDHLIG

Turasachd agus Dualchas Gàidhlig

Thèid taic a thoirt do bhuidhnean a tha a' brosnachadh na Gàidhlig an cois nan gnìomhachasan turasachd is dualchais, agus mar phàirt de sin, thèid ro-innleachd turasachd Ghàidhlig a leasachadh agus a chur an gnìomh.

Na h-Ealain Ghàidhlig

Rinneadh adhartas ann a bhith a' cur ionad foghlam is ealain Gàidhlig ùr air chois ann an Uibhist a Deas. Bheirear taic don luchd-compàirt gu lèir airson dèanamh cinnteach gum bi an t-ionad air a stèidheachadh agus ag obair.

Tha grunn bhuidhnean cudromach do na h-ealain Ghàidhlig. Thèid prògram a dhealbhadh airson seasmhachd a thoirt don roinn seo, a' neartachadh cliù agus èifeachd na roinne.

A' Ghàidhlig Thall Thairis

Thèid co-obrachadh nas dlùithe a dhèanamh le Alba Nuadh, agus thèid leasachaidhean a chomharrachadh a mheudaicheas an co-obrachadh sin.

Thèid pròiseactan rannsachaidh a chur air dòigh an co-bhuinn ri buidhnean Èireannach, feuch tomhas a dhèanamh air mar a dh'fhaodadh an dà dhùthaich a bhith a' leasachadh ghoireasan còmhla, gu h-àraidh ann an teicneòlas cànan.

Priomh Ùghdarrasan agus Buidhnean

Gu h-ìosal, chithear na h-ùghdarrasan agus buidhnean aig a bheil prìomh dhleastanasan airson nan prìomhachasan agus prìomh ghealltanasan. Tha feadhainn dhiubh air a bhith a' dèanamh tòrr airson na Gàidhlig mu thràth.

Riaghaltas na h-Alba, Pàrlamaid na h-Alba, ùghdarrasan ionadail, buidhnean poblach Albannach, Bòrd na Gàidhlig, MG ALBA, Alba Chruthachail, VisitScotland, Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean, Àrainneachd Eachdraidheil Alba, sportscotland, Oifis nan Iomairtean Gàidhlig (Alba Nuadh), Foras na Gaeilge (Èirinn) agus buidhnean Gàidhlig .

Ceist 5

Ann an ceistean 2, 3 is 4, chaidh iarraidh oirbh ur beachdan a thoirt air na prìomh raointean a chaidh a chomharrachadh. Anns a' cheist seo, bu mhath leinn ur beachdan fhaighinn air na prìomh ghealltanasan a chomharraich sinn agus air gealltanasan a bharrachd a bu chòir a bhith ann gus an dèanar adhartas ann a bhith a' leasachadh na th' ann de dhaoine a tha a' labhairt, a' cleachdadh is ag ionnsachadh na Gàidhlig ann an Alba agus ann a bhith a' leudachadh nan suidheachaidhean anns am bi i air a cur gu feum?

9. FACAL-CRÌOCHNACHAIDH

Mar a chaidh a ràdh aig toiseach a' Phlana seo, chan ann air aon bhuidheann a-mhàin a tha an t-uallach airson adhartas a dhèanamh leis na prìomhachasan agus prìomh ghealltanasan anns a' Phlana seo. Faodaidh, agus bithidh, mòran bhuidhnean agus daoine fa leth a' cur ris an adhartas ris a bheil sinn an dùil airson na Gàidhlig ann an Alba.

Nì Bòrd na Gàidhlig oidhirp airson adhartas a dhèanamh far an urrainn dhuinn. Bidh sinn cuideachd a' brosnachadh co-obrachadh agus a' cruthachadh chom-

pàirteachasan le, agus eadar, na buidhnean seo a bheir taic do na prìomhachasan agus gealltanasan anns a' Phlana seo.

Aig an ìre seo, tha an dreachd dhen Phlana seo a' taisbeanadh ar seallaidh air na prìomhachasan airson na Gàidhlig anns na bliadhnaichean a tha romhainn. 'S e dreachd airson co-chomhairleachadh a th' ann, agus tha e na amas dhuinn gum faigh sinn ur beachdan fhèin agus gum faigh sinn taic fharsaing airson na chuireas sinn air adhart anns an dreachd dheireannaich, agus an uair sin gum faigh sinn aonta bho



FACAL-CRÌOCHNACHAIDH

Mhinistearan na h-Alba. Bidh na ceumannan taice seo a' daingneachadh na sgrìobhainn seo mar Phlana Cànain Nàiseanta Gàidhlig.

Tha sinn mothachail gu bheil grunn ùghdarrasan is bhuidhnean air tòrr a dhèanamh airson na Gàidhlig mu thràth agus tha sinn an dòchas gun aithnich iad an ro-innleachdan, gnìomhan agus iomairtean anns na prìomhachasan a chomharraich sinn. Tha a' ghreis cho-chomhairleachaidh a' toirt cothrom dhuinn sùil a thoirt air sin.

Bidh am Plana seo nas làidire ma thathar ag aontachadh gu farsaing air na prìomhachasan agus gum bi iad mar bhunait airson co-obrachadh. Air an adhbhar sin, bu mhath leinn ur brosnachadh ur beachdan a chur thugainn mar phàirt dhen cho-chomhairleachadh, agus sibh an dùil gun tèid na prìomhachasan a choileanadh le com-pàirteachas agus taic.

Nuair a bhios an dreachd dheireannach dhen Phlana seo air fhoillseachadh, bidh sinn ag amas air sgrùdadh bliadhnail a dhèanamh air an adhartas a rinneadh, a' cleachdadh nam

prìomhachasan agus gealltanasan mar shlatan-tomhais. Mar a bhitheas fìor le puingeann eile, thèid leasachadh a bharrachd a dhèanamh air a' phuuing seo anns a' Phlana dheireannach, an dèidh a' cho-chomhairleachaidh.

Mar a chunnaic sibh, tha ceistean co-chomhairleachaidh air feadh na sgrìobhainn seo agus thugadh còmhla iad a-rithist ann an Eàrr-ràdh I. Aig deireadh na h-earrainn seo, tha sinn air ceist fharsaing a chur ann, eagal 's nach eil puingeann agaibh a tha sibh airson a thogail leinn nach robh mar phàirt de na ceistean eile. Ma tha sin a' buntainn ribhse, nach dèan sibh feum de Cheist 6.

Mu dheireadh

Tha sinn an dòchas gu bheil na teachdaireachdan anns a' Phlana seo soilleir, agus cuiridh sinn fàilte air ur beachdan air an sgrìobhainn seo mus tèid ath-sgrùdadh a dhèanamh oirre agus mus tèid a cur gu Ministearan airson aonta, mar a thathar ag iarraidh fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.

Ceist 6

Tha na ceistean co-chomhairleachaidh a nochd na bu tràithe air a bhith rudeigin mionaideach. Ma tha sibh airson puingeann eile a thogail, agus mura robh cothrom agaibh sin a dhèanamh thuige seo, nach sgrìobh sibh iad gu h-ìosal.

EÀRR-RÀDH I – CEISTEAN CO-CHOMHAIRLEACHAIDH

Ceist 1

Tha cumadh a' Phlana a' gabhail a-steach amas, cuspairean, prìomh raointean agus gealltanasan. A bheil beachd agaibh air cumadh a' Phlana agus air an àrd-amas againn?

Ceist 2

Tha sinn dhen bheachd gu bheil e riatanach gum bi deagh iomhaigh aig a' Ghàidhlig agus gum bi na raointean shuas a' cur gu mòr ri sin. A bheil beachdan agaibh fhèin air na raointean a thagh sinn no càil eile co-cheangailte ris a' chuspair seo?

Ceist 3

Tha sinn dhen bheachd gu bheil foghlam agus ionnsachadh na Gàidhlig aig cridhe a' Phlana seo. Tha sinn air liosta a dhèanamh de na prìomh raointean airson leasachadh san àm ri teachd. A bheil beachdan agaibh air seo, agus air na prìomh raointean a thagh sinn airson ionnsachadh na Gàidhlig?

Ceist 4

Tha sinn dhen bheachd gu bheil na raointean a chaidh a thaghadh cudromach airson cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh. A bheil beachdan agaibh air mar a dh'fhaodamaid piseach a thoirt air ìre cleachdaidh na Gàidhlig?

Ceist 5

Ann an ceistean 2, 3 is 4, chaidh iarraidh oirbh ur beachdan a thoirt air na prìomh raointean a chaidh a chomharrachadh. Anns a' cheist seo, bu mhath leinn ur beachdan fhaighinn air na prìomh ghealltanasan a chomharraich sinn agus air gealltanasan a bharrachd a bu chòir a bhith ann gus an dèanar adhartas ann a bhith a' leasachadh na th' ann de dhaoine a tha a' labhairt, a' cleachdadh is ag ionnsachadh na Gàidhlig ann an Alba agus ann a bhith a' leudachadh nan suidheachaidhean anns am bi i air a cur gu feum?

Ceist 6

Tha na ceistean co-chomhairleachaidh a nochd na bu tràithe air a bhith rudeigin mionaideach. Ma tha sibh airson puingean eile a thogail, agus mura robh cothrom agaibh sin a dhèanamh thuige seo, nach sgrìobh sibh iad gu h-ìosal.

EÀRR-RÀDH II – PLANAICHEAN CÀNAIN GÀIDHLIG

Buidhnean le Planaichean Cànain Aontaichte

Ùghdarras

Alba Chruthachail	Dualchas Nàdair na h-Alba
Caledonian Maritime Assets Earranta	Foghlam Alba
Coimisean na Coilltearachd Alba	Gailearaidhean Nàiseanta na h-Alba
Coimisean na Croitearachd	Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean
Colaisde a' Chaisteil OGE	Leabharlann Nàiseanta na h-Alba
Comhairle Aonghais	Leasachadh Sgilean na h-Alba
Comhairle Baile Dhùn Dè	NHS na Gàidhealtachd
Comhairle Baile Dhùn Èideann	NHS nan Eilean Siar
Comhairle Baile Ghlaschu	Oilthigh Dhùn Èideann
Comhairle Baile Obar Dheathain	Oilthigh Ghlaschu
Comhairle Dhùn Phris is Ghall-Ghàidhealaibh	Oilthigh na Gàidhealtachd 's nan Eilean
Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid	Oilthigh Obar Dheathain
Comhairle Fìobha	Oilthigh Shrath Chluaidh
Comhairle Mhaoineachaidh na h-Alba	Pàrlamaid na h-Alba
Comhairle na Gàidhealtachd	Poileas Alba
Comhairle na h-Eaglaise Brice	Puirt-adhair na Gàidhealtachd 's nan Eilean Earranta
Comhairle nan Eilean Siar	Riaghaltas na h-Alba
Comhairle Pheairt is Cheann Rois	Sabhal Mòr Ostaig
Comhairle Shruighlea	Seirbheis Ambaileans na h-Alba
Comhairle Siorrachd Àir a Deas	Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba
Comhairle Siorrachd Àir a Tuath	Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh
Comhairle Siorrachd Àir an Ear	Ùghdarras Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn 's nan
Comhairle Siorrachd Dhùn Breatann an Ear	Tròisichean
Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas	Ùghdarras Poilis na h-Alba
Comhairle Siorrachd Lannraig a Tuath	Ùghdarras Theisteanas na h-Alba
Comhairle Siorrachd Obar Dheathain	VisitScotland/Alba

